

## Bòrd MG ALBA

Crowne Plaza, Glaschu  
Diardaoin 23 Gearran 2017, 0900-1300

### Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Magaidh Choineagan (sa Chathair) Donaidh MacAmhlaidh  
Daibhidh Brew Iain Stephen Moireasdan  
Catriona Nic a' Phì Jo NicDhòmhnaill  
Mairi Kidd

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)  
Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)  
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) airson puingean 11-14

### Gnothaichean gnàthach

- 1 Leisgeulan**  
Calum MacFhearghais, Dùghall MacAmhlaigh.
- 2 Gnothach Dearbhte**  
Magaidh Choineagan fo phuing 14 – dràma
- 3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 23/11/16 + 26/1/17**  
Aontaichte.
- 4 Gnothaichean ag èirigh**  
Chaidh iad seo an comharrachadh.

## 5 Aithris bhon Cathraiche

Dh'fhoillsich am BBC air 21/2/17 fiosrachadh mun t-seilbheach aca airson BBC Scotland agus BBC ALBA. Air 22/2/2017 dh'innis am BBC dè bha iad am beachd a bhith a' cosg ann an Alba eadar 2017 agus 2010.

Craoladh sa Bheurla - b' e an naidheachd mòr gun tèid £19m a chosg air prògraman airson seanail ùr ann an Alba, air am bi an t-ainm "BBC Scotland". Bidh an t-seanail air bho 7f gach latha, agus bho Dhiluain gu Dihaoine bidh prògram naidheachd air bho 9f gu 10f. An cois sin, thèid 80 neach-naidheachd ùr fhadastadh. Cuideachd, cosgaidh am BBC £20m a bharrachd ann an Alba air prògraman airson a' chòrr den RA. Leis an sin bidh am BBC a' caitheamh co-dhiù £39m a-bharrachd air prògraman ann an Alba ro 2020.

Craoladh sa Ghàidhlig - dhearbhadh am BBC gun robh an £1.2m a chaidh aontachadh ann an 2016/17 airson BBC ALBA sàbhailte bho ghearraidhean. Ghabh am BBC ris an iarrrtas airson naidheachdan deireadh-sheachdain air BBC ALBA, agus thèid sin a cheadachd leis an leasachadh mòr a bhios an cois na seanail ùr BBC Scotland. Mhìnich am BBC amas gun toireadh na leasachaidhean sin suas gu 100 uair gach bliadhna de phrògram ùra Gàidhlig do BhBC ALBA eadar 2017 agus 2020.

Choinnich an Cathraiche agus an t-Àrd-Oifigear le Ceannard Obrachaidh BBC Scotland air 22/2/17. Chaidh còmhraidh a chumail mu phlanaichean a' BhBC airson seanail ùr agus a' bhuidhe a dh'fhaodadh an t-seanail ùr seo a thoirt air BBC ALBA le naidheachdan deireadh-sheachdain agus prògraman air an co-coimiseanadh. Bha aithne bho gach taobh air am briseadh-dùil a bha ann dhan cho-bhanntachd nach robh airgead ùr sònraichte ann airson BBC ALBA a cheadaicheadh gluasad a dh'ionnsaidh 10 uair gach seachdain bhon BhBC, agus aonta gu feum a-nis innleachdan iomchaidh a chur an-sàs airson dèanamh cinnteach gun tig a h-uile maith as urrainn gu BBC ALBA a-mach às an £19m ùr airson BBC Scotland agus an £20m as ùr airson 'network' ann an Alba.

Choinnich an Cathraiche agus an t-Àrd-Oifigear le Ofcom Alba air 22/2/17 mu Phlana Obrachaidh na buidhne. Chaidh deasbad a chumail air naidheachdan an latha mun BhBC agus mun bhuidhe air BBC ALBA. Bha Ofcom riarachd le amasan a' Phlana agus mothachail air na dùbhlain.

## **6 Aithris bho Chathraiche Chomataidh Inbhean**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun choinneamh air 26/1/17.

Tha Bòrd na Gàidhlig air Co-chomhairleachadh Poblach airson Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2017-2022 fhoillseachadh. Thèid freagairt a chuir a-steach bho MG ALBA agus thèid dreachd a chuirteachadh air buill ro dheireadh a' Ghiblein. (Gnìomh: DC)

Chaidh a chomharrachadh gum biodh e feumail nan deigheadh iarraidh air a' BhBC (le Bòrd na Gàidhlig) Plana Cànain a chruthachadh. (Gnìomh: DC)

## **7 Aithris bho Chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun choinneamh air 9/2/17.

Chaidh innse gun deach coinneamhan soirbheachail a chumail le tagraichean spòrs s/t 13/2/17. An dèidh comhairle laghail fhaighinn, chaidh fiosrachadh a thoirt do na companaidhean a thaobh dleastanas TUPE a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte ri cùmhnant ùr. 'S e gnothaich tha seo eadar nan companaidhean agus an luchd-solar a tha a' cur bhuapa a bhith a' riochdachadh spòrs ach gu feum MG ALBA a bhith riarachaidh gun deach an co-dhùnadh ceart a ruighinn.

Chaidh a chomharrachadh gu bheil an ro-innleachd a th' ann an-dràsta airson spòrs ceart agus iomchaidh airson BBC ALBA. A' gluasad air adhart feumar coimhead ri cùisean bho thaobh a bhith a' co-obrachadh le seanail ùr a' BhBC ach cha bu chòir an naidheachd seo a bhith a' cuingealachadh an ro-innleachd a th' ann an-dràsta airson BBC ALBA. Chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh do Sgioba Àrd-stiùiridh na buidhne coimhead ri diofar shuidheachaidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil saorsa aig a' bhuidheann leis a' chùmhnant ùr.

Thig fiosrachadh bhon Sgioba Àrd-stiùiridh air ais chun bhùird. (Gnìomh: IMT)

## **8 Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha aithisg air beulaibh bhall a' toirt sealladh air gnothaichean daonna, teicneòlas, tasglann, buidseat na buidhne, Cairt a' BhBC, Ofcom, conaltradh poblach agus tachartasan na buidhne.

Chaidh moladh gum biodh e feumail nan toireadh an aithisg iomradh air dèanadas na buidhne (Dashboard), gu h-àraid air gnothaichean a bha ann an cunnart gun a bhith air an coileanadh.

Chaidh taing a thoirt dhan Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-stiùiridh airson an obair.

## **9 Ìrean coileantachd Lèirsinn 2021**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an adhartais le na 6 amasan agus toraidhean a chaidh an comharrachadh ann an Lèirsinn 2021 agus thug an Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachd iomradh orra.

Chaidh iomradh a thoirt air Iomairtean Ionnsachaidh agus an adhartas a bha ga dhèanamh. Chaidh innse gun d' fhuair aithisg Meriel Young (Susbaint aig Meadhanan Didseatach mar thaic ri sgilean Gàidhlig). Thèid a sgaoileadh air buill, le geàrr-iomradh (Gnìomh: IMT).

Chaidh aontachadh gu feumar coimhead a-rithist ri cuid de na h-amasan nuair a gheibhear tuigse air dè tha an naidheachd a thàinig bhon BhBC dha-riribh a' ciallachadh. (Gnìomh: IMT)

Chaidh moladh a dhèanamh air farpais Filmg, gu h-àraidh soirbheachas bho thaobh na meadhanan sòisealta. Tha a' cho-fharpais a' toirt buaidh mhòr air an òigridh agus a' fàs nas fheàrr a h-uile bliadhna. Chaidh meal a naidheachd a bhuileachadh air an sgioba.

## **10 Co-bhanntachd BBC ALBA/maoin a' BhBC**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an t-suidheachadh a dh'fhaodadh a bhith ann ma dhiùltas am BBC ri iarrtasan na buidhne agus luchd-ùidh na buidhne ann a bhith ag iarraidh air a' BhBC maoin a chur ri BBC ALBA a cheadaicheadh 10 uair gach seachdain de phrògraman (co-ionnan ri na tha am BBC a' toirt do S4C a thaobh prògraman). Bho chaidh am pàipear a sgrìobhadh, bhathas air fios daingnichte fhaighinn bhon BhBC (faic puing 5).

Chaidh deasbad fharsaing a chumail.

Chaidh iarraidh air an Sgioba Àrd-stiùiridh leantainn le còmhraidhean leis a' BhBC gu bheilear fhathast ag iarraidh 10 uair gach seachdain de phrògraman ùra.

Chaidh iarraidh air an Sgioba Àrd-stiùiridh pàipear a sgrìobhadh dhan bhòrd ro dheireadh a' Mhàirt le roghainnean, beachd air an t-slighe air adhart agus am pròiseas a bhios ann a nì comasach an targaid de 3 uairean a thìde gach là de phrògraman ùra airson na seanail a choileanadh. (Gnìomh: DC)

Chaidh aontachadh leth là a chuir gu taobh airson Co-bhanntachd BBC ALBA/maoin a' BhBC a dheasbad ann an doimhneachd. (Gnìomh: MAMI)

#### **11 Ro-innleachd Conaltraidh**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta air prionnsabalan planaidh airson 2017-2020 a thaobh conaltraidh na buidhne in-thaigh agus bhon taobh a-muigh. Chaidh aontachadh ri na prionnsabalan.

#### **12 Ceannachd chòraichean**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Dh'aontaich am Bòrd ris a' phrionnsabal a bhith a' cruinneachadh a-steach còraichean phrògraman nuair a bhios companaidh riochdachaidh aig a bheil còraichean ann am prògraman Gàidhlig a' dol à bith. Bhiodh sin a rèir prìs agus comas. Dheigheadh fios a chumail ris a' Bhòrd nuair a bhiodh sin a' tachairt. (Gnìomh: NMG)

#### **13 Aonta air prògraman**

##### *a) Talla Sheòrais*

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £500k gu h-iomlan no nas àirde na £100k san uair, aonta a' Bhùird. Chaidh na leanas aontachadh: Prògram comadaidh ùr 1 x 30 le Solus Productions, **Talla Sheòrais**, stèidhichte air sgrìobt air a sgrìobhadh le Seumas MacMillan aig cosgais £ [[GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta]].

##### *b) [fios glèidhte] Midas – Pasgan 2015-17*

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh atharrachadh ann am buidseat aonta a' Bhùird. Chaidh na leanas aontachadh: lùghdachadh ann an uair a thìde bho 25 uair a thìde gu 23 uair a thìde le lùghdachadh co-ionnan ann an luach a' chùmhnannt de £ [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta] (bho [fios glèidhte] gu [fios glèidhte]). Thèid an airgead a chaidh a shàbhaladh a-steach gu cuairtean coimiseanaidh ann 2017/18.

c) Pasgain

Bha pàipear fiosrachaidh air beulaibh bhall air pròiseas nam Pasgan a bha an-dràsta a' gabhail àite. Bha buill riarachaidh leis a phròiseas. Chaidh aontachadh coinneamh den bhòrd a ghairm seachdain a' tòiseachadh 20/3/17 gus beachdachadh air molaidhean oifigearan. (Gnìomh: MAMI)

d) Spòrs – bha pàipear fiosrachaidh air beulaibh bhall air a' chuairt coimiseanaidh a tha an-dràsta beò agus a' dùnadh air 9/3/17. Chaidh innse gun deach aontachadh leis an SPFL gun tèid ainm a chuir ri cùmhnant nuair a tha riochdaire air fhadhadh agus gun tèid na còraichean fhoillseachadh an uair sin. Chaidh innse gun deach aonta a ruighinn ann am prionnsabal le Co-chomann Camanachd airson 3 bliadhna.

Thèid coinneachadh ri chompanaidhean riochdachaidh aig a bheil ùidh sa cùmhnant agus thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (Gnìomh: IMT)

## **14 Dràma**

Nochd an Cathraiche gnothach dearbhte ri linn an nighean aice a bhith ag obair airson Young Films Foundation. Dh'fhàg i an rùm airson na puing seo agus ghabh Jo NicDhòmhnaill a' Chathair san eadar-ama.

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £100k san uair aonta a' Bhùird.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta a' bhùird air Cinn Aonta (Deal Memo) le Young Films airson an dràma Bannan a libhrigeadh airson 4 bliadhna. Bha pàipearan-taic ann cuideachd a thaobh pròiseas solarachaidh Bannan.

Chaidh còmhradh a chumail mu cho cudromach 's a tha seo a thaobh an luchd-coimhid agus ìre toileachais; prìomhachasan maoin; a bhith a' stèidheachadh cnàmh-droma ro-innleachdail a thaobh dràma TBh Gàidhlig air a bhios mòran a' crochadh: sgilean sgrìobhaidh, sgilean cleasachd, sgilean stiùiridh, agus sgilean ciùird eile. Cuiridh seo an ceum seo gu mòr ri gnìomhachasan cruthachail na h-Alba; iomairtean eile a bhios a' togail air a' chnàmh-droma seo: EBU, co-obrachadh le BBC Dràma.

Às dèidh còmhraidh chaidh na leanas aontachadh: 4 sreathan ùra de Bannan le Young Films thairis air 4 bliadhna, le 5 x 30 programan anns gach sreath, air cosgais £ [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta] san uair.

#### **15 Measadh Chunnartan**

Bha clàr nan cunnartan agus pàipear fiosrachaidh air beulaibh bhall agus chaidh còmhraidh a chumail. Chaidh clàr nan cunnartan ùrachadh an dèidh coinneamh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 9/2/17 agus gu sònraichte ri linn cunnartan a bh' ann an-dràsta co-cheangailte ris a' phròiseas coimiseanaidh pasgain, a' gabhail a-steach Spòrs, a tha fo phròiseas solarachaidh coimiseanaidh fa leth, còraichean spòrs agus a' chuairt coimiseanaidh ràitheil geamhraidh 2016/17. Chaidh còmhraidh a chumail agus bha buill riarachaidh.

#### **16 Aithisgean air dèanadas – Q3 2016/17**

Chaidh na h-aithisgean a chomharrachadh. Bho seo a-mach dheigheadh 'dashboard' a chur an cois aithisg an Àrd-Oifigeir. (Gnìomh: MAMI)

#### **17 GISBE**

Fèin-mheasadh nan Comataidhean – chaidh aontachadh gun deigheadh coimhead ri iomchaidheachd Comataidh Ainmeachaidh (Nominations Committee) a chuir air bhonn agus coimhead ri feumalachdan sgilean (Skills Matrix) a stèidheachadh. (Gnìomh: MAMI)

#### **18 Deit agus ionad na h-ath choinneimh**

Coinneamh shònraichte a' bhùird – 21/3/17, madainn

Coinneamh a' bhùird – thèid coimhead ri 31/5/17 no 2/6/17 ann an Dùn Èideann no Glaschu.

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*